








Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

Teirmean	Eisimpleirean	Mineachaidhean
<p>Cumaidhean 2-sheallach (2D)</p>		<p>Chan eil ach 2 mhead ann an cumaidhean 2D agus tha iad còmhnhard, me. ceàrnag, ceart-cheàrnach, triantan, cearcall, còig-cheàrnach, sia-cheàrnach, seachd-cheàrnach, ochd-cheàrnach, naoi-cheàrnach, deich-cheàrnach, parailealogram, rombas, itealag, ceithir-cheàrnach, trapesium.</p>
<p>Nithean 3-sheallach (3D)</p>		<p>Tha trì meudan ann an nithean 3D. Tha uachdaran còmhnhard (aodainn) air mòran nithean 3D dèante de chumaidhean 2D me ciùb, ciùbaid, cruinne, siolandair, priosam.</p> <p>Gabhaidh nithean 3D an càrnadh no an roiligeadh agus faodar nithean a chur am broinn cuid de nithean 3D. Faodar an cur còmhla cuideachd airson modailean a dhèanamh.</p>



Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Arc</p>		<p>Pàirt de chearcall-tomhas cearcaill no pàirt de lùb sam bith.</p>
<p>Cearcall</p>		<p>Cumadh cruinn 2-sheallach gun oiseanan no oirean dìreach.</p> <p>Dèante le bhith a' tarraing lùb a tha an-còmhnaidh an t-aon astar bhon mheadhan.</p> <p>Tha obrachaidhean a-mach cearcaill eadar-dhàimheach. Le aon sam bith de radius, trast-tomhas, cuairt-tomhas no farsaingeachd, gabhaidh gach aon eile an obrachadh a-mach.</p>
<p>Cearcall-tomhas</p>		<p>An t-astar air fad timcheall cearcail.</p> <p>Gabhaidh cearcall-tomhas a thomhas a' cleachdadh foirmle.</p> $2 \times \pi \times r \text{ or } \pi \times d$





Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Cumadh ceangailte no figear ceangailte</p>		<p>Figear (no cumadh) a ghabhas a roinneadh ann am barrachd air aon de na figearan / cumaidhean bunaiteach. Mar eisimpleir, is e figear ceangailte a th' ann an ABCD oir tha dà fheigear bunaiteach ann – ceart-cheàrnach agus triantan mar a chithear an seo.</p>
<p>Triantan co-chòrdach</p>		<p>Tha pàidhrichean no buidhnean de thriantan co-chòrdach nuair a tha trì taobhan co-ionann agus trì ceàrn co-ionann aca. Dh'fhaodadh nach bi na taobhan agus na ceàrn co-ionann anns an aon suidheachadh (ma tha tionndadh no flip ann).</p>
<p>Tar-earrann de nì</p>		<p>Is e tar-earrann de nì an cumadh a nithear le bhith a' gearradh dìreach tarsainn an nì.</p>
<p>Ciùb</p>		<p>Nì 3D air a dhèanamh suas de 6 aodainn ceàrnagach, 8 goban agus 12 oirean. Tha na h-oirean agus na h-aodainn uile co-ionann.</p> <p>Is e priosam a th' ann cuideachd oir tha an aon tar-earrann a' ruith tro fhad. Is e priosam ceàrnagach a th' ann. Tha na ceàrn uile 90°.</p>





Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

Ciùbaid		<p>Nì 3D air a dhèanamh suas de 6 aodainn ceart-cheàrnach no measgachadh de 4 aodainn ceart-cheàrnach agus 2 aodann ceàrnagach, 8 goban agus 12 oirean.</p> <p>Is e priosam a th' ann cuideachd oir tha an aon tar-earrann a' ruith tro fhad. Is e priosam ceart-cheàrnach a th' ann. Tha na ceàrnan uile 90°.</p>
Siolandair		<p>Nì 3D le aodann lùbte air a cheangal le dà aodann cearcallach aig gach ceann. Tha an t-aodann lùbte air a dhèanamh bho cheart-cheàrnach.</p> <p>Is e priosam a th' ann cuideachd oir tha an aon tar-earrann a' ruith tro fhad.</p>

Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Deich-cheàrnach</p>		<p>Cumadh 2D sam bith le 10 taobhan.</p>
<p>Trast-tomhas</p>		<p>Loidhne dhìreach a tha a' dol tro mheadhan cearcaill.</p>
<p>Triantan ionann-thaobhach</p>	 	<p>Tha gach taobh co-ionann agus tha na ceàrnan uile co-ionann. Tha gach ceàrn = 60°</p>




Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Seachd-cheàrnach</p>		<p>Cumadh 2D sam bith le 7 taobhan.</p>
<p>Sia-cheàrnach</p>		<p>Cumadh 2D sam bith le 6 taobhan.</p>
<p>Triantan co-chasach</p>		<p>Dà thaobh co-ionann agus dà cheàrn co-ionann.</p>
<p>Itealag</p>		<p>Dà phaidhir de thaobhan co-ionann ri taobh a chèile. Chan eil loidhnichean co-shinte sam bith ann. Tha aon phaidhir de cheàrn co-ionann a tha gu trastach mu choinneamh a chèile. Chan eil ach aon trastan air a lethadh leis an fhear eile.</p> <p>Tha na trastanan a' trastadh aig 90°.</p>




Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

Lìontan		Am pàtran 2D a tha a' cruthachadh nì 3D nuair a phaisgear e. Is e lìon de chiùb a tha seo.
Naoi-cheàrnach		Cumadh 2D sam bith le 9 taobhan.
Ochd-cheàrnach		Cumadh 2D sam bith le 8 taobhan.





Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Parailealogram</p>		<p>Dà phaidhir de thaobhan co-ionann mu choinneamh a chèile. Tha na taobhan mu choinneamh a chèile co-shìnte da chèile agus tha na ceàrnan mu choinneamh a chèile co-ionann.</p> <p>Tha na trastanan a' letheadh a chèile.</p>
<p>Còig-cheàrnach</p>		<p>Cumadh 2D sam bith le 5 taobhan.</p>
<p>Cuairt-tomhas</p>		<p>An t-astar timcheall oir cumadh 2D. Gus cuairt-tomhas cumaidh a lorg, cuir fad nan taobhan uile còmhla.</p>
<p>Pi (3.14...)</p>	 <p style="text-align: center;">$\pi = \text{Cearcall-tomhas} \div \text{Trast-tomhas}$</p>	<p>Co-mheas cearcall-tomhas cearcaill ri a thrast-tomhas. Co-ionann ri 3.14159265358979323846... (tha na figearan a' cumail a' dol gun chrìch gun an ath-aithris). Tha Pi air a chruinneachadh glè thric le 2 ionad deicheach gu 3.14.</p>
<p>Poileaganan</p>		<p>Cumaidhean le mòran taobhan dìreach. Tha poileaganan riaghailteach agus neo-riaghailteach ann. Tha ceàrnan</p>




Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

		co-ionann agus taobhan den aon fhad ann am poileaganan riaghailteach. Tha taobhan de dhiofar fhadan ann am poileagan neo-riaghailteach.
Ioma-thaobhach		Cumadh 3D sam bith le aodainn còmhnaidh.
Priosam		Cumadh 3D sam bith le dà dheireadh agus dà aodann co-ionann far a bheil an tar-earrann gun atharrachadh air fhad. Tha dà aodann triantanach agus trì aodainn ceart-cheàrnach ann am priosam triantanach. Bheireadh aodann tar-earrann sam bith den chumadh seo nuair a dheigheadh a ghearradh, dhut triantan a tha an-còmhnaidh a' toirt dha ainm.
Ceithir-cheàrnach		Cumadh 2D sam bith le ceithir taobhan.
Radius		An t-astar bho mheadhan cearcaill gu puing sam bith air a' chearcall-tomhas aige.
Ceart-cheàrnach		Cumadh 2D sam bith le 4 taobhan agus 4 oiseanan far a bheil na taobhan mu choinneamh a chèile de fhad co-ionann agus ceàrnan co-ionann (90°).

Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Riochdachadh chumaidhean 2D agus nithean 3D</p>		<p>A' cleachdadh sgeidsichean, pàipear isomeatrach (pàipear graf) no pasgain coimpiutair airson nithean 3D a tharraing air raon 2D.</p>
<p>Rombas</p>		<p>Le ceithir taobhan co-ionann. Tha taobhan mu choinneamh a chèile co-shìnte da chèile agus tha ceàrnan mu choinneamh a chèile co-ionann.</p> <p>Tha ceàrnan gu trastanach mu choinneamh a chèile co-ionann. Tha na trastanan a' letheadh a chèile aig 90°.</p> <p>©BBC Bitesize</p> <p style="text-align: right;">©BBC Bitesize</p>
<p>Triantan ceart-cheàrnach</p>		<p>Tha aon de a cheàrnan na cheàrn ceart (90°).</p>
<p>Triantan Neo-chothromach</p>		<p>Triantan far nach eil dà thaobh sam bith no dà cheàrn sam bith co-ionann.</p>

Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D

<p>Cruinne</p>		<p>Nì 3D air a chumadh mar bhall gun oirean dìreach sam bith no goban.</p> <p>Tha gach puing air an uachdar an t-aon astar bhon mheadhan.</p>
<p>Ceàrnag</p>		<p>Cumadh 2D le 4 taobhan co-ionann agus 4 oiseanan.</p> <p>Tha gach taobh de fhad co-ionann. Tha gach ceàrn co-ionann (90°). Tha taobhan mu choinneamh a chèile co-shìnte.</p> <p>Tha trastanan ceàrnaig a' letheadh a chèile aig 90°. Tha na trastanan co-ionann ann am fad.</p>
<p>Trapesium</p>		<p>Cumadh 2D anns a bheil aon phaidhir de thaobhan co-shìnte agus de dhiofar fhadan agus paidhir de thaobhan mu choinneamh a chèile de fhad co-ionann.</p>
<p>Triantan</p>		<p>Cumadh 2D le 3 taobhan agus 3 oiseanan.</p> <p>Tha diofar sheòrsaichean thriantan ann, <i>me. ionann-thaobhach, co-chasach, neo-chothromach, ceart-cheàrnach.</i></p>
<p>Gob no goban</p>		<p>'Oisean' no oiseanan nì 3D.</p> <p>Puing(ean) far a bheil dà loidhne dhìreach no barrachd a' coinneachadh.</p>